

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## **BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR TAIC RIS A' CHÙIS AIRSON SGOIL BONNINGTON ANN AN DÙN ÈIDEANN**

**Ri chleachdadh: bho seo a-mach – 22 Am Màrt 2011**

Tha Bòrd na Gàidhlig air iarraidh sgoil Ghàidhlig ainmichte a stèidheachadh ann am Bonnington ann an Dùn Èideann.

Tha dleastanasan sònraichte reachdail aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh adhartachadh na Gàidhlig agus comhairle a sholarachadh do Mhinistearan agus do bhuidhnean poblach mu chùisean co-cheangailte ri cànan, cultar agus foghlam Gàidhlig.

Na fhreagairt mhionaideach don Cho-chomhairle aig Comhairle Baile Dhùn Èideann a thaobh solar Gàidhlig sa bhaile, tha am Bòrd a' cur taic ris a' mholadh gus sgoil Ghàidhlig ainmichte a chruthachadh ann am Bonnington. Thuirt Iain Aonghas MacAoidh, Ceannard a' Bhùird: "Tha sgoil Ghàidhlig fa-leth a' dèanamh cinnteach gum bi clann air an oideachadh ann an àrainneachd Ghàidhlig, a chuireas taic ri sgilean cànan, agus aig an aon àm a' coileanadh a' churraicealam gu lèir, le sàr thoraidhean foghlaim."

Tha mòran bhuannachdan oideachail air an dearbhadh do sgoilearan ann an sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig agus tha rannsachadh o chionn ghoirid air rannsachadh nas tràithe a dhearbhadh, a' nochdadh gu bheil irean coileanaidh ann am foghlam tron Ghàidhlig cho math ri foghlam tron Bheurla anns gach cuspair, agus nas fheàrr ann an cuid eile.

'S e beachd a' Bhùird gu bheil foghlam tron Ghàidhlig stèidhichte gu làidir ann an Dùn Èideann. Tha e air a bhith na fheart den fhoghlam, sa phrìomh bhaile airson còrr agus 20 bliadhna. Lean Mgr MacAoidh air adhart: "Tha e mar adhbhar cliù do Chomhairle Baile Dhùn Èideann, sgioba stiùiridh Bun-sgoil Crois na Cìse, luchd-teagaisg, pàrantan agus sgoilearan, gu bheil an aonad Ghàidhlig air a mheas soirbheachail. Tha seo air misneachd phàrantan a thogail, a thuilleadh air iarrtas airson solar tron Ghàidhlig a bhrosnachadh, gus daingneachadh agus togail air an t-soirbheachadh sin. Chaidh a ràdh ri pàrantan gun deigheadh beachdachadh air sgoil ainmichte Ghàidhlig aon uair 's gum biodh an àireamh sgoilearan ann an Crois na Cìse seachad air 100. Tha sin o chionn còrr agus deich bliadhna agus tha na h-àireamhan a' sìor fhàs. 'S e an ath cheum a bu chòir a bhith cho nàdarra 's a ghabhas ann an leasachadh foghlam tron Ghàidhlig ann am Baile Dhùn Èideann, aontachadh ri sgoil Ghàidhlig ainmichte a stèidheachadh ann am Bonnington."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



A' chrìoch

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun Bhrath Naidheachd seo, cuiribh fios gu Iain A MacAoidh, Ceannard, Bòrd na Gàidhlig, air 07500 089 661.**

**Foillsichte: Dimàirt, 22 Màirt, 2011**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG SUPPORTS CASE FOR BONNINGTON SCHOOL IN EDINBURGH**

**For use: Immediate - 22 March 2011**

Bòrd na Gàidhlig has called for the establishment of a stand alone Gaelic school at Bonnington in Edinburgh.

Bòrd na Gàidhlig has specific statutory responsibilities in relation to promoting Gaelic and to providing advice to Ministers and public organisations on matters concerning Gaelic language, culture and education.

In its detailed response to Edinburgh City Council's Consultation on the provision of Gaelic education in the city, the Bòrd is backing the proposal to create a stand alone school at Bonnington. John Angus MacKay, Ceannard (CEO) of the Bòrd said: "A stand alone Gaelic school ensures that its children are being taught in a wholly Gaelic environment which enhances their linguistic skills, while at the same time delivering the full curriculum provision with excellent educational results."

There are many proven educational benefits for pupils in Gaelic medium schools and recent research has confirmed earlier research showing that the attainment levels in Gaelic medium education are as good in all subjects, and better in some, than English language education.

The Bòrd's view is that Gaelic medium education is well established in Edinburgh. It has been a feature of the educational provision in the capital city for over 20 years. Mr MacKay continued: "To the credit of the City of Edinburgh Council, Tollcross Primary School management, teachers, parents and pupils, the Gaelic medium unit has been acknowledged as a success. It has heightened parental confidence and demand for dedicated Gaelic medium provision to consolidate and build on that achievement. Parents were told that once pupil numbers in Tollcross exceeded 100, consideration would be given to a dedicated Gaelic school. That was over a decade ago and numbers continue to grow. The natural next step in the development of Gaelic medium education in the City of Edinburgh is agreement to the establishment of a Gaelic school at Bonnington."

Ends

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**For any further information about the contents of this News Release, please contact John Angus MacKay, Ceannard (CEO) Bòrd na Gàidhlig on 07500 089 661.**

**Issued: Tuesday, March 22, 2011**